fèisean
NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Dihaoine 27mh Sultain 2024 bho 11.30m
Taigh-òsta Leonardo, Inbhir Nis

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh bho 11.30m, Dihaoine 27mh Sultain 2024 ann an Taigh-òsta Leonardo, Rathad Allt a' Mhuilinn, Inbhir Nis

Clàr-chùisean

3.2024.01	**CÙISEAN TÒISEACHAIDH**	
(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a’ togail ceann	
3.2024.02	**CÙISEAN LEASACHAIDH**	
(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c)	Lèirmheas air pròram bhon Chèitean agus sùil romhainn	Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(d)	Amplify	Airson Deasbaid agus Aontachaidh
3.2024.03	**CÙISEAN IONMHASAIL**	
(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2024-25	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Suimeannan airgid anns a’ bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2024	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2024-25	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2024	Airson Aontachaidh
(f)	Dearbhadh air Luchd-sgrùdaidh	Airson Aontachaidh
(g)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
3.2024.04	**CÙISEAN LUCHD-OBRACH**	
(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Obair Chothromach an Toiseach	Aithris airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
3.2024.05	**CÙISEAN GNÌOMHAIL**	
(a)	Pròram Cruinneachadh 2024	Airson Fiosrachaidh
(b)	Aithisg Bhliadhnail 2024	Airson Aontachaidh
(c)	Stòrasan Alba Chruthachail: Tasgadh is Maoin nan Ealan Gàidhlig	Aiirson Fiosrachaidh
3.2024.06	**EILE**	
(a)	G I S B E	
(b)	Ceann-latha na h-ath choinneimh: 06.12.2024 air-loidhne	Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail air Zoom, Dihaoine 24 Cèitean 2024 bho 2f

2.2024.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Carola NicCaluim (Cathraiche), Tomaidh Dòmhnallach, Ceitidh NicAonghais, Muriel MacKaveney, Gwen NicGuaire, Alasdair Paul, Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Steven Kellow (Bòrd na Gàidhlig), an Comh. Iain A MacÌomhair (CnES), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Calum Ailig Macmhaoilein (a' frithealadh) agus Luke Slater (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar aon.

(b) Leisgeulan

Ciorstaidh NicDhùghaill (Iar-chathraiche), Iain MacAsgaill, Krisell Dhòmhnallach agus Raonaid Lincoln.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas a chuairteachadh bhon choinneimh a chaidh a chumail air 8 Màrt 2024.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Tomaidh Dòmhnallach is Alasdair Paul a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin ann.

2.2024.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg a chuairteachadh le Art MacCarmaig air adhartas a' chlàir-obrach gu deireadh a' Mhàirt 2023.

Bha Art toilichte a ràdh nach mòr gun robh a h-uile buil aontaichte gu bhith dèante no bha plana aca am beagan a bha air an comharrachadh ann an orains nach tugadh gu buil air fad, air sàilleabh cion an airgid, a choileanadh.

Thug buill a' Bhùird fainear don aithisg.

(b) Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean air adhartas bhon luchd-obrach a chuairteachadh.

Dh'innis Art MacCarmaig gun deach Fèis an Iar Thuath agus Fèis Chataibh ath-stèidheachadh agus gun robh Fèis an Tàirbeirt agus Fèis Ìle air clabag mhath maoin fhaighinn o chionn ghoirid. Bha e airson aithne a thoirt don raon fharsaing obrach a ghabhadh os làimh tro Fhèisgoil cuideachd.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha sna h-aithisgean agus thug an Cathraiche taing do na h-uile airson farsaingeachd na h-obrach san robh iad na lùib.

(c) Sùil air ais air a' chlàr bhon Mhàrt is sùil air adhart

Chuir Art MacCarmaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum Ailig MacMhaoilein lèir-chunntas an cèill air a' chlàr-obrach aig Fèisean nan Gàidheal a tha a' dol an-dràsta is ri tighinn:

- Dh'innis Art mu adhartas le aontaidhean le ùghdarrasan ionadail, leis an iarrtas ioma-bhliadhnail agus cuideachd le Plana Clàr-obrach 2024-25 agus le Plana CII a chaidh a chur do dh'Alba Chruthachail.
- Dh'innis Calum mu mheasadh iarrtasan taic-airgid nam Fèisean, Fèisean na Càisge is an t-Samhraidh, Cèilidhean air Chuairt, Fuaran, 5 Latha, trèanadh agus Blas 2024. Bha Calum toilichte a ràdh gun robh àireamh luchd-frithealaidh nam Fèisean air tilleadh chun na h-ìre aig an robh iad ro Chòbhad.

- Dh'innis Eilidh mu Bhlasad Gàidhlig, clasaichean feasgair Comhairle Baile Ghlaschu, Cliabh, Eòlas air a' Ghàidhlig, Dìleab, Neart – Cunnradh nan NA air Còraichean Chloinne le e-sgoil, Acadamaidh a' Mhòid, Sgoil Shamhraidh Dràma, Mìos na Gàidhlig ann an Ceap Bhreatainn, Meanbh-Chuileag, ICO agus tuilleadh obrach sna sgoiltean.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha sna cunntasan is do na prìomhachas sna mìosan romhainn.

(d) **An Clàr-obrach a chaidh aontachadh le Alba Chruthachail agus Plana CO-III 2024-25**
Bhathar air pàipear a chaidh ullachadh le Art MacCarmaig a chuairteachadh le fiosrachadh air clàr-obrach 2024-25 agus Plana ùr CII a chaidh a chur do dh'Alba Chruthachail.

Thug buill a' Bhùird fainear don chlàr-obrach agus do Phlana CII agus chuir iad an aonta ris na bha ann.

(e) **Plana Prògraim Ath-leasaichte**
Bha Plana Prògraim ath-leasaichte air a chuairteachadh le Art MacCarmaig ron choinneimh.

Gus cumail ri stiùireadh maoineachaidh ioma-bhliadhnail a fhuaras bho Alba Chruthachail, chaidh atharrachaidhean a dhèanamh ris a' phlana. Bhathar air dèiligeadh ri puingean beaga a thogadh roimhe, is aig a' cheart àm bhathar air earrannan eile a neartachadh agus air àireamhan a chur ri roinnean a' phlana gu lèir.

Chuir buill a' Bhùird an aonta ris a' Plana Prògraim ath-leasaichte mar bhonn-stèidh obair na buidhne eadar 2024 is 2028.

2.2024.03 **CÙISEAN IONMHASAIL**

(a) **Teachd a-steach agus Cosgaisean 2024-25**
Bhathar air aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a chuairteachadh a bha a' sealltainn teachd-a-steach is cosgais le gnothaichean ionmhais gu 10 Cèitean 2024.

Thug buill a' Bhùird fainear do shuidheachadh an ionmhais gu ruige seo.

(b) **Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh**
Mar a bha na cunntasan aig an àm:
- Cunntas Làitheil: £16,905.78
- Cunntas Àrd-rèidh: £260,454.86
- Cunntas Blas: £5,201.16
- Cunntas Leasachaidh: £8,749.31
- Urras Cobhair Carthannais (UCC): £230,505.41

Mhìnich Anna Willoughby gun deach an t-airgead a thugadh a-nall bho chunntas-tasgaidh UCC aig deireadh na bliadhn'-ionmhais, is sinn a' feitheamh ri grunn suimean ri tighinn a-steach, a thilleadh thuige.

Thug buill a' Bhùird fainear do na suimean.

(c) **A' cothromachadh an ionmhais gu 31 Màrt 2024**
Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gun rachadh airgead sam bith a bhiodh air fhàgail aig deireadh bliadhn'-ionmhais 2023-24 a riarachadh a-rèir toil a' Cheannard, taobh a-staigh crìochan nan Riaghailtean Ionmhais a chaidh aontachadh agus cumhachan co-cheangailte ris a' mhaoineachadh, le aithisg ga sgaoileadh do bhuill a' Bhùird mar fhiosrachadh.

Mhìnich Art MacCarmaig an aithisg a bhathar air cuairteachadh air ath-riarachadh a' mhaoin, a bha air a chleachdadh airson taic-airgid do ghrunn de dh'Fhèisean Càisge 2024. Cheadaicheadh seo dhuinn buidsead nan tabhartasan a lùghdachadh a chuidicheadh leis a' bheàrn a dhùnadh ann am buidsead 2024-25.

(d) **Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Mart 2024**
Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh.

Chaidh a dhaingneachadh gun tachradh an sgrùdadh-airgid bliadhnail air 10 Iuchar ann am Port Rìgh.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha anns na cunntasan.

(e) Tabhartasan do na Fèisean 2024-25

Bhathar air liosta de na tabhartasan a bha air am moladh airson Fèisean 2024-25 a chuairteachadh agus chaidh iarraidh air buill a' Bhùird an aontachadh gus dèanamh cinnteach gun rachadh litrichean tairgse a chur thuca cho luath 's a ghabhadh.

Dh'aontaich buill a' Bhùird na tabhartasan a dh'aon ghuth.

(f) Aontaidhean Maoineachaidh

Tha conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal is na buidhnean a mhaoinicheas ar clàr-obrach agus bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh leis an fhiosrachadh as ùire do bhuill a' Bhùird air ìre nan aontaidhean leotha.

Dh'innis Iain A MacÌomhair (CnES) gun robh lùghdachadh an airgid taobh a-staigh na Comhairle air duilgheadas adhbhrachadh ach gun robh Sgioba na Gàidhlig air cumail air a' toirt taic-airgid do na Fèisean ionadail aig an aon ìre 's a rinn e roimhe.

Thugadh fainear don aithisg le buill a' Bhùird.

2.2024.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Am fiosrachadh as ùire

Chaidh coinneamh an luchd-obrach a chumail Dimàirt 21 Cèitean airson bruidhinn air prìomhachasan na bliadhna-sa agus na mìosan ri tighinn. Chaidh bruidhinn air feumalachd is dùil nam buidhnean maoineachaidh ann an 2024-25, agus Obair Chothromach ann an doimhneachd.

Tòisichidh Faye Nic a' Ghobhainn air cùmhnant goirid de dheich seachdainean a dh'fhaid air feadh an t-samhraidh le taic bho sgeama greis-gnìomhachais oileanach Chomhairle nan Eilean Siar.

Thug buill a' Bhùird fainear don fhiosrachadh as ùire air an luchd-obrach.

2.2024.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Co-labhairt 2023 agus beachdan air tachartas 2024

Sgaoil Anna Willoughby pàipear le roghainnean airson Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt na bliadhna seo.
Chaidh geàrr-liosta aontachadh leis an roghainn dheireannaich ga fhàgail aig a' Cheannard, a-rèir na bha ri fhaighinn agus na prìse aig a' cheann thall.
Chaidh beachdachadh air ainmean ùra airson an tachartais cuideachd le 'Cruinneachadh' mar an roghainn a b' fheàrr.
Chaidh a mholadh gum b'urrainnear cuireadh a thoirt do Thobar an Dualchais com-pàirt a ghabhail ann. Bhiodh seisean air atharraichean ùra aig Oifis Riaghladh Carthannasan na h-Alba feumail.
Chaidh ainmean a mholadh mar aoighean labhairt agus ma chuireas buill a' Bhùird molaidhean thuige ann am post-d., cuiridh an Ceannard an gnìomh iad.

(b) Maoinean Alba Chruthachail: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig

Bhathar air fiosrachadh air an dà mhaoin aig Alba Chruthachail a tha fo rianachd Fèisean nan Gàidheal a chuairteachadh air thoiseach air a' choinneimh.

Chaidh daingneachadh maoineachaidh fhaighinn an da chuid airson Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig, le maoin a bharrachd airson Maoin nan Ealan Gàidhlig air fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig.
Thathar air stiùireadh airson gach maoin ùrachadh is a chuairteachadh air loidhne, le sanasan-reic is earrannan naidheachd air an sgaoileadh cuideachd.

Thug buill a' Bhùird fainear don t-suidheachadh an-dràsta a thaobh Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.

(c) **Aithisg Bhliadhnail air Làimhseachadh Cunnairt**

Bhathar air aithisg air Làimhseachadh Cunnairt a chuairteachadh do bhuill a' Bhùird a' mìneachadh nam prìomh-chunnartan mu choinneimh na buidhne agus na ceumannan a chaidh gabhail airson an lùghdachadh.

Chuir Art MacCarmaig lèir-chunntas an cèill air mar a tha cunnart ga mheas is ga làimhseachadh gu feum buill ùr a' Bhùird. Thug e for, ged a dh'fhaodadh barrachd chunnartan a bhith ann, nach eil ach na prìomh dheich gan àireamh san aithisg.

Dh'aontaich buill a' Bhùird ri susbaint na h-aithisg a' daingneachadh gun robh iad toilichte le làimhseachadh cunnairt bho latha gu latha.

(d) **Aithisg air cur an gnìomh Plana CII 2023-24**

Bhathar air aithisg a chaidh ullachadh le Art MacCarmaig air cur an gnìomh plana CII a chuairteachadh ron choinneimh.

Uile gu lèir, bhathar riaraichte gu leòr le cur an gnìomh a' phlana le amas no dhà a bharrachd air an coilionadh is gun ach a-dhà nach deach, aon fhear air sàilleabh cion an airgid agus am fear eile air sàilleabh dàil ann a bhith a' cur ceisteachain ùir ri chèile.

Ged a bhathar air plana ùr aontachadh mu choinneimh 2024-25, bha an Ceannard den bharail gum bu chòir do phlanaichean CII sìneadh thar trì bliadhna, seach gach bliadhna.

Dhaingnich buill a' Bhùird gun robh iad riaraichte le cur an gnìomh Plana CII 2023-24.

2.2024.06 **EILE**

(a) **GISBE**

Chom-pàirtich Art MacCarmaig òraid ghoirid air toradh Cunntas-Sluaigh na h-Alba a thaobh cleachdadh na Gàidhlig. Ged a bha e gealltanach, ghabhadh tuilleadh obrach a dhèanamh airson a' chànain a bhrosnachadh is a chuideachadh. Chaidh seo a thogail mar chuspair deasbaid a dh'fhaodadh a bhith aig co-labhairt na bliadhna-sa.

Thug an Cathraiche taing do bhuill a' Bhùird is don sgioba air fad airson an obair agus do dh'Aonghas MacLeòid airson eadar-theangachadh mar aon den choinneimh.

(b) **Ceann-latha na h-ath choinneimh: 27.09.2024**

Chaidh latha ath-choinneamh a' Bhùird a dhaingneachadh mar 27.09.24 aig àite na Coinneimh Bliadhnail is a' Chruinneachaidh.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr-chùisean: 3.2024.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne sa chiad ràith de 2024-25 gu 30 Ògmhios 2024.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' buntainn ris an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean/clachan-mìle - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal airson 2024-28.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Tha diog (√) fo AC1 – AC60 a' comharrachadh far a bheil clach-mhìle nar pròram a' cur ri àrd-amasan Freàm-obrach Ro-innleachdail Alba Chruthachail fo Càileachd is Amasachd (CA); Com-pàirteachadh (C); Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII); So-sheasmhach Àrainneachail (SA); Obair Chothromach (OC) agus Eadar-nàiseanta (E).

Àir.		Raon sa Phlana Pròraim	Adhartas	Clachan-mile Ìre					
Alba Chruthachail - Clachan-mìle				CA	C	CII	SA	OC	E
AC1	Maoin luach mu £190k air aontachadh do 45 Fèisean ron Chèitean 2024.		Chaidh tabhartasan luach £213,104 aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC3	Maoin air aontachadh do luchd-rianachd tro uairean bliadhnail ron Chèitean 2024.		Chaidh tabhartasan nan uairean bliadhnail, luach £11,004, aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC3	Àrachas air a chur air dòigh do na Fèisean ron Ghiblean 2024.		Chaidh seo a chur air dòigh agus tha àrachas ri fhaighinn do gach ball taobh a-staigh cìsean ballrachd na buidhne. Chaidh ceistean a thogail am-bliadhna leis gu bheil cuid de luchd-àrachais a' coimhead air buidhnean a tha air an stèidheachadh leotha fhèin, agus nan carthannasan, mar	√	√	√	√	√	

			bhuidhnean fa leth a bu chòir ullachadh a ghabhail airson àrachas a chur air dòigh.	
AC4	Ma cheadaicheas suidheachadh na maoine, taic-airgid a bharrachd air aontachadh nuair a bhios feum airson leasachaidhean ro-innleachdail, gu sònraichte ma bhios maoin a dhìth airson dèiligeadh ri cosgaisean a' sìor èirigh.		Chan eil maoin shònraichte ann airson 2024-25 ged a dh'fhaodadh sùbailteachd a bhith ann nas fhaide air adhart sa bhliadhna, ach cha deach duais sam bith aontachadh ann an R1.	√ √ √ √ √ √
AC5	Conaltradh cunbhalach le Fèisean tron bhliadhna agus aig ar Co-labhairt san t-Sultain 2024.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean. Tha cothroman air-loidhne ann airson conaltradh le Fèisean mu chuspairean sònraichte, agus bha am fear mu dheireadh a' dèiligeadh ri clàradh agus riaghladh bhuidhnean carthannais. Bidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt a' tachairt air 27 agus 28 Sultain.	√ √ √
AC6	Iasadan de ionnsramaidean an-asgaidh le dùil ri amannan trang nuair bhios na Fèisean a' ruith gu h-àbhaisteach.		Tha na Fèisean a' faotainn ionnsramaidean a rèir feum agus bidh iad air mhàl aig daoine fa leth aig amannan eile. Tha sinn a' ceannach/ag ùrachadh ionnsramaiden mar a cheadaichais suidheachadh an ionmhais.	√ √ √ √
AC7	Òigridh a thoirt a-steach air obair-samhraidh, buidheann-pròg ramaidh Bhlas agus Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal.		Tha òigridh an sàs aig ìre a' Bhùird agus tha dùil againn ri oileanach air greis-obrach samhraidh. Tha sinn an dùil barrachd òigridh a thrusadh fhad 's a bhios pròiseactan a' dol air adhart.	√ √ √ √
AC8	A' dealbhachadh ghoireasan ùra airson seirbheis *Oide* ron Dhùbhlachd 2024 ma cheadaicheas suidheachadh na maoine.		Tha sinn an dùil gun tèid againn air sia sreathan ùra a chur air dòigh rè R2 leis nach b' urrainn dhuinn seo adhartachadh ann an 2023-24.	√ √ √ √ √ √
AC9	Buidheann ùr de sheinneadairean a thrusadh don phròiseact Fuaran ron Ghearran 2025.		Tha sinn an dùil gun tèid seo a choileanadh.	√ √ √ √
AC10	Trèanadh do cho-dhiù 10 oidean ann an sgilean teagaisg rè 2024-25.		Tha sinn an dùil seisean a ruith air sgilean teagaisg ann an R2.	√ √ √ √
AC11	Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig do cho-dhiù 10 oidean rè 2024-25.		Chaidh clasaichean Gàidhlig air-loidhne a chur air dòigh ann an R1, air an stiùireadh le Ingrid NicEunraig, agus chlàraich 20 oide air an son.	√ √ √ √
AC12	Co-dhiù 10 seiseanan trèanaidh do luchd-eagrachaidh nam Fèisean, a rèir feum, agus aig ar co-labhairt bhliadhnail san t-Sultain 2024.		Ghabh 17 eagraichean pàirt ann am bùithtean-obrach trèanaidh ann an R1. Thèid tuilleadh chothroman a chur air dòigh tron bhliadhna.	√ √ √ √
AC13	Co-dhìu 2 latha-trèanaidh gu bhith ann do luchd-obrach ann an 2024-25 le feumalachdan fa leth air an comharrachadh tro mheasaidhean agus trèanadh freagarrach ga chur air dòigh.		Cha robh trèanadh ann don sgiona luchd-obrach gu lèir ann an R1. Rinn luchd-obrach fa-leth trèanadh a chomharraich iad fhèin a' gabhail a-steach 'A' toirt taic do chlann is òigridh LGBTQ+'.	√ √ √ √ √
AC14	Obair leantainneach le òigridh airson a dhèanamh cinnteach gu bheil iad an sàs ann an co-dhùnaidhean a ruighinn.		Tro Fèisgoil chuir sinn bùithtean-obrach air dòigh, ann an co-obrachadh le e-Sgoil, gus beachdan agus ais-mholaidhean a chruinneachadh bho dhaoine òga a thaobh cur an gnìomh	√ √ √ √

			Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC). Bha 266 sgoilear an sàs ann an 28 seiseanan airson 4 sgoiltean anns na h-Eileanan Siar.	
AC15	Sgilean cruinneachaidh agus tàr-sgrìobhaidh òrain agus gan glèidheadh an cruth didseatach a thoirt do 8 a bhios an sàs ann am Fuaran.		Bidh seo mar phàirt den obair le buidheann ùr de sheinneadairean Fuaran nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	√ √ √
AC16	Sgilean taisbeanaidh agus fiosrachadh mu ghnìomhachais a' chiùil ann airson timeachall air 10 an sàs ann am Fèis Alba.		Thathas an dùil gun tèid seo a lìbhrigeadh ro chuairt nan Cèilidhean air Chuairt san Iuchar agus san Lùnastal.	√ √ √
AC17	Cothroman a chruthachadh do luchd-ealain sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro choimisean ùr aig Blas agus ann an suidheachaidhean eile a rèr na bhios ann de mhaoin.		Air sgàth gainnead maoineachaidh cha bhi coimisean ùr aig Blas 2024. Ach, bidh ceòl ùr a' nochdadh sa phròg ram agus tha sreath chuirmean a' gabhail a-steach 10 dàin Ghàidhlig ris an deach ceòl ùr a chur.	√ √ √ √ √ √
AC18	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail, a leithid fèilltean obrach ann an sgoiltean is eile cho math ri cothroman a chruthachadh cothroman cosnaidh a stèidheachadh do luchd-ealain òg.		Cha do nochd cothrom sam bith ann an R1.	√ √ √ √ √
AC19	Obair margaideachd tron bhliadhna air seirbheisean Fèisgoil na buidhne aig a leithid Fèill Ionnsachaidh na h-Alba, ma bhios sin iomchaidh.		Tha sanasachd Fèisgoil a' leantainn air adhart ann an iomadach dòigh agus thèid seo air adhart fhad 's a tha sinn a' feuchainn ri obair ùr a tharraing chun na seirbheis.	√ √ √ √ √
AC20	A' lìbhrigeadh 8 seiseanan ann an ceòl traidiseanta ann an 166 sgoiltean air a' Ghàidhealtachd tron Iomairt Chiùil Òigridh a rèir cùmhnant le High Life na Gàidhealtachd.		Tha sinn an dùil cumail romhainn clasaichean ICO a lìbhrigeadh ann an sgoiltean na Gàidhealtachd sa bhliadhna-sgoile 2024-25. Tha sinn air a bhith a' lìbhrigeadh seinn Ghàidhlig ann an Uibhist is Barraigh do Chomhairle nan Eilean Siar rè R1 le 200 seisean airson 310 sgoilear ann an 4 sgoiltean. Ghabh 36 sgoilearean ann am Bun-sgoil Ulapuil pàirt ann an 8 seiseanan airson a' phròiseact Cliabh.	√ √ √ √ √
AC21	Obair a ghabhail os làimh ann an sgoiltean ag ullachadh òigridh airson com-pàirt ann am farpaisean seinn is ciùil aig Mòd an Òbain 2024 a' co-obrachadh leis a' Chomunn Ghàidhealaich.		Thòisich an obair seo ann an R1, le 93 sgoilearan a' gabhail pàirt ann an 196 seisean ann an 16 sgoiltean. Chan eil na figearan seo a' gabhail a-steach sgoiltean an Òbain far a bheil suidheachadh eadar-dhealaichte ann, ach bidh àireamhan airson a' phròg ram ann nas fhaide air adhart sa bhliadhna.	√ √ √ √ √
AC22	*Bheairteis* agus/no Dìleab air an lìbhrigeadh tro phròg ram sònraichte ann an sgoiltean agus, 's dòcha, le e-Sgoil agus Comhairle nan Eilean Siar.		Cha deach seo a thoirt air adhart ann an R1 ach tha dùil againn an obair seo adhartachadh anns a' bhliadhna-sgoile 2024-25 bho R2 air adhart.	√ √ √ √ √
AC23	An tachartas còmhnaidheach 5 latha a chumail sa Ghiblean le timcheall air 15 com-pàirtichean an sàs.		Chaidh tachartas soirbheachail 5 Latha a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2024 le 16 com-pàirtichean.	√ √ √ √ √
AC24	Sgoil-shamhraidh Dràma a chumail fad seachdain san Iuchar le timcheall air 12 com-pàirtiche an sàs.		Bidh an Sgoil-shamhraidh dràma ga cumail ann am Port Rìgh tràth san Iuchar.	√ √ √ √ √

AC25	Co-dhiù aon chùmhnant ùr aontachadh airson Fèisgoil agus, ma bhios maoin ann, leantainn air obair cuide ri co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail agus Eòlas air a' Ghàidhlig nuair a thèid iarradh oirnn.		Chuir sinn crìoch air a' phàirt mu dheireadh de Tabhaich, obair Ghàidhlig ann an Tiriodh, Colla is Bòd, le bùiththean-obrach air an stiùireadh leis an Ollamh Dòmhnall Meek. Chaidh 24 seisean Blasad Gàidhlig a thabhann do 93 sgoilear ann an 2 sgoil ann an Siorrachd Àir a Deas rè R1. Thathas an dùil gun lean an obair Ghàidhlig ann an sgoiltean leis a' cho-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail bhon Lùnastal airson seisean sgoile 2024-25 aon uair 's gu bheil maoineachadh air a dhearbhadh. Ann an co-obrachadh le Comhairle nan Eilean Siar, thug sinn cùmhnant do 18 luchd-teagaisg gus 299 seiseanan a lìbhrigeadh ann an 15 sgoiltean sna h-Eileanan Siar airson pròiseact Dìleab 2024 anns an robh 423 sgoilear an sàs. Chuir sinn seisean seinn air dòigh son Mìos nan Gàidheal ann an Alba Nuadh a chomharrachadh le Taigh-sgoile na Drochaide ann am Màbu. Chaidh trèanadh Eòlas air a' Ghàidhlig a leasachadh do HIE agus a lìbhrigeadh le 4 preasantairean thairis air 9 seiseanan airson 62 neach-obrach.	√ √ √ √ √
AC26	Co-dhiù 90 bùiththean-obrach no taisbeanaidhean dràma a lìbhrigeadh ann an sgoiltean rè 2024-25.		Chaidh ullachadh a dhèanamh airson taisbeanaidhean sgoile agus bùiththean-obrach ann an sgoiltean a' tòiseachadh san Lùnastal.	√ √ √ √ √
AC27	Co-dhiù aon mheanbh-fhèis a chur air dòigh ann an àrd-sgoil rè 2024-25 as bhios iarrtas ann.		Cha deach seo adhartachadh ann an R1.	√ √ √ √ √
AC28	Cothroman a chruthachadh airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tron Sgoil-shamhraidh Dràma.		Bidh seo ga lìbhrigeadh ann an R2.	√ √ √ √ √
AC29	Taic bhon sgioba de dh'Oifigearan Leasachaidh agus càch le cleachdadh na Gàidhlig.		Bidh ar sgioba a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean agus cruthachadh stuthan dà-chànanach airson margaideachd. Tha cunnraidhean nar litrichean-tairgse a' dèanamh cinnteach à cleachdadh na Gàidhlig, mar a tha air iarraidh nar Poileasaidh Gàidhlig.	√ √ √ √ √
AC30	Taic a chumail ri timcheall air 30 cuirmean/cèilidhean aig Fèisean ionadail.		Bha taic ann do 8 taisbeanaidhean ann an R1.	√ √ √ √ √
AC31	Taic do 3 Cèilidhean air Chuairt le timcheall air 50 tachartas eatorra san luchar agus san Lùnastal.		Tha dùil gun tèid taic a chumail ri 3 Cèilidhean air Chuairt a' gabhail a-steach Còmhlan Cèilidh a' Chàirn Ghuirm aig Fèis Spè.	√ √ √ √ √ √
AC32	Timcheall air 24 tachartasan a chur air adhart aig Blas 2024, a rèir na bhios ann de thaic bho ùghdarrasan ionadail.		Chaidh aontachadh le Comhairle na Gàidhealtachd gun tèid fèis nas lugha a lìbhrigeadh ann an 2024, le airgead gun àrdachadh, a thèid a chumail eadar 6 is 14 Sultain.	√ √ √ √ √ √

AC33	Bidh pròiseact maoinichte le Colmcille, le buidheann ann an Èirinn, a' dol air adhart ron Mhàrt 2025.		Bidh sinn a' cur turas air dòigh do luchd-ciùil òga Èireannach san luchar mar phàirt den phròiseact Turas a tha air a ruith ann an co-bhonn ri Ealaín na Gaeltachta.	√ √ √ √ √ √
AC34	A' leantainn sanasachd fhosgailte, bidh coimisean ga thoirt seachad le trì taisbeanaidhean aig Blas.		Faicibh AC17 gu h-àrd.	√ √ √ √ √ √
AC35	Bidh obair leantainneach a' dol air adhart a' cruinneachadh agus a' glèidheadh fiosrachaidh mu luchd-amharc a leigeadh leinn barrachd thachartasan a shanasachd dhaibh.		Tha an obair seo a' leantainn agus bidh ar margaideachd ag amas air daoine leis an robh ceangal againn roimhe, ach tha daonnan obair a bharrachd a dhìth san raon seo.	√ √ √ √ √ √
AC36	Bidh fiosrachadh ga chur don làrach-lìn againn gu cunbhalach airson a dhèanamh cinnteach gun nochd e air app na buidhne.		'S i obair leantainneach a tha seo agus chaidh mìosachan ùr a chur ris ar làrach-lìn an-uiridh.	√ √
AC37	Bidh cuid de thachartasan bho Bhlas agus eile air an sruthadh beò agus, ma cheadaicheas maoin dhuinn, bidh tuilleadh leasanan air an cruthachadh don ghoireas *Oide*.		Tha planaichean ann tachartasan Blas a shruthadh agus nì sinn measadh air cothroman eile tron bhliadhna. Faicibh AC8 gu h-àrd airson Oide.	√ √ √ √ √ √
AC38	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail le trì cuairtean den sgeama Tasgadh ann an 2024-25.		Bidh tabhartasan aontachadh tron chiad chuairt de Thasgadh anns an luchar 2024 le tagraichean soirbheachail air am foillseachadh air ar làrach-lìn.	√ √ √ √ √ √
AC39	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig le dà chuairt den sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig ann an 2024-25.		Bidh tabhartasan aontachadh tron chiad chuairt de Mhaoin nan Ealan Gàidhlig anns an luchar 2024 le tagraichean soirbheachail air am foillseachadh air ar làrach-lìn.	√ √ √ √ √ √
AC40	Bidh 4 coinneamhan den Bhòrd ann – sa Chèitean, san t-Sultain, san Dùbhlachd 2024 agus sa Mhàrt 2025, le cuireadh do riochdairean bho bhuidhnean-maoineachaidh agus pàipearan uile air am foillseachadh air loidhne.		Bha a' chiad choinneamh den Bhòrd ann air 24mh Cèitean leis na pàipearan air am foillseachadh seachdain ro làimh. Chaidh cuireadh a thoirt do bhuidhnean-maoineachaidh a bhith an làthair.	√ √ √ √ √ √
AC41	Phlana Prògraim Fèisean nan Gàidheal 2024-28 fhoillseachadh aon uair 's gu bheil e crìochnaichte.		Bidh ar Plana Prògraim ga fhoillseachadh cho luath 's a thèid eadar-theangachadh a chrìochnachadh.	√ √ √ √
AC42	Aithisg air adhartas a chur don luchd-maoineachaidh air fad gach ràith.		Bidh aithisgean gan sgaoileadh gach ràith don luchd-maoineachaidh le aithisgean a bharrachd mar a bhios a dhìth.	√ √ √ √
AC43	Aithisg a thoirt don Bhòrd aig gach coinneamh air mar a tha aontaidhean maoineachaidh gan cur an gnìomh.		Bidh pàipear ann mu aontaidhean maoineachaidh aig gach coinneamh den Bhòrd-stiùiridh a' mìneachadh na h-ìre aig a bheil cùisean leotha.	√ √ √ √ √
AC44	Sùil a chumail air cunnartan gu cunbhalach agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2024.		Bidh an sgioba obrach air fad a' measadh agus a' làimhseachadh chunnartan gu cunbhalach nan obraichean làitheil. Fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail air mar a tha na prìomh chunnartan air an làimhseachadh agus air an lùghdachadh aig a' choinnemh aca sa Chèitean.	√ √ √ √ √
AC45	Obair leantainneach a chumail a' dol le Creative Carbon Scotland airson na tha sinn a' cosg de ghualain a lùghdachadh tron phròram air fad.		Tha beachdachadh air cleachdadh gualain a' dol air adhart gu cunbhalach nar n-obair agus tha sinn air dreachd de Phlana Atharrachaidh a dheasachadh a thèid air beuliabh a' Bhùird san t-Sultain 2024 airson aonta.	√ √ √ √ √

AC46	Plana ùr Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII) a dhealbhadh agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2024.		Chaidh Plana CII airson 2024-25 aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh aig a' choinnemh aca sa Chèitean nuair a ghabh iad, cuideachd, ri aithisg air soirbheacheas Plana CII 2023-24 a chur an gnìomh.	√ √ √ √	
AC47	A' dèanamh cinnteach gun tèid prionnsabalan Obair Chothromach an Toiseach a leantainn agus gum faigh luchd-obrach àradachaidhean pàighaidh cothromach a rèir na bhios air aontachadh do na h-ùghdarrasan ionadail.		Tha Fèisean nan Gàidheal gu tur dealasach a thaobh Obair Chothromach an Toiseach le adhartas mòr air a' bhliadhna a dh'fhalbh.	√ √ √ √ √	
AC48	A' dèanamh cinnteach gum faigh cunnradairean is luchd-obrach neo-cheangailte pàigheadh cothromach a rèir ìrean gan stèidheachadh gu nàiseanta le aonaidhean buntainneach.		Bidh gach cunnradair air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' faotainn pàigheadh a rèir ìrean nan aonaidhean buntainneach. Tha cunnradh co-cheangailte ri tabhartasan gum bu chòir do na Fèisean a bhith ag obair a dh'ionnsaidh nan ìrean sin a phàigheadh cuideachd. Tha stiùireadh Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig a' mìneachadh gu bheil e deatamach luchd-ealain a phàigheadh aig ìrean stèidhichte leis na h-aonaidhan.	√ √ √ √ √	
AC49	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach cothroman trèanaidh an deìdh dhaibh feumalachdan a chomharrachadh tro mheasaidhean.		Tha trèanadh ri fhaotainn don luchd-obrach mar a bhios feum air agus, cho fad 's as urrainn, a rèir feumalachdan a comharraich iad tro mheasaidhean.	√ √ √ √ √	
AC50	A' dèanamh cinnteach gum faigh OSCR agus Taigh nan Companaidhean fiosrachadh bliadhnail ann an àm.		Bidh seo a' tachairt gu cunbhalach gun duilgheadas sam bith san àm a dh'fhalbh.	√ √	
AC51	Aithisg Bhliadhnail fhoillseachadh san t-Sultain 2024 le iomradh air prìomh thachartasan, àireamhan com-pàirteachaidh agus fiosrachadh ionmhasail airson 2023-24.		Bidh Aithisg Bhliadhnail 2024 air a foillseachadh, mar as àbhaist, aig an aon àm ris a' Cho-labhairt Bhliadhnail againn, ris an canar a-nis Cruinneachadh Bliadhnail.	√ √ √ √ √ √	

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	14.8	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£265,906	Meudachadh san toradh ionmhasail	£22,488	Luchd Saor-thoileach an sàs	47
Tabhartasan do dh'Fèisean	£37,328	Tabhartasan Eile	£2,761	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	720	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	1,878
Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	465	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air loidhne)	90 (11,659)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	99	Obair Eadar-nàiseanta	2

Builean Bhòrd na Gàidhlig					
Taic ann do na Fèisean airson an obair aca a leasachadh is a dhìon is barrachd aithne a thoirt air a' Ghàidhlig tromhpa					
BnG1.1.1	Taic ga chumail ri 46 Fèisean ionadail sa bhliadhna is Gàidhlig ga brosnachadh an lùib obair nam Fèisean, a rèir maoineachadh freagarrach ri fhaighinn bho Alba Chruthachail.		Faicibh See AC1-7, AC 10-14, AC 29-31, AC 33, AC 36, AC S40-51 gu h-àrd a tha a' mìneachadh taic do na Fèisean.		
BnG1.1.2	Adhartas bliadhna-air-bliadhna air a shealltainn air an uimhir de Ghàidhlig air a chleachdadh anns na Fèisean.		Faicibh AC29 gu h-àrd.		

			Tha sgioba Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh na Gàidhlig cho mòr 's as urrainn aig Fèisean ionadail.	
BnG1.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean anns na Fèisean gu bheil obair nam Fèisean air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice no ga h-ionnsachadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Misneachd air a togail ann an coimhearsnachdan Gàidhlig le tuilleadh chothroman gan toirt seachad airson Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta				
BnG1.2.1	30 tachartas air an cumail le Fèisean ionadail sa bhliadhna a tha a' cur na Gàidhlig air adhart.		Faicibh AC30 gu h-àrd.	
BnG1.2.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dhaoine a tha a' frithealadh thachartasan gan cumail le Fèisean.		Bidh e comasach dhuinn cunntas nas mionaidiche a thoirt air a seo aon uair 's gum faigh sinn fiosrachadh air ais bho na Fèisean.	
BnG1.2.3	Fianais bho luchd-frithealaidh tachartasan nam Fèisean gu bheil iad nas misneachaile a thaobh na Gàidhlig agus a' gabhail chothroman a cleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
A' toirt seachad trèanadh do dh'oidean nam Fèisean gus a bheil iad nas comasaiche is gu bheil na Fèisean a' toirt seachad ìre àrd de thrèanadh				
BnG2.1.1	Pròg ram trèanaidh bliadhnail air a lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach trèanadh Gàidhlig, le co-dhiù 12 seisean air an lìbhrigeadh.		Faicibh AC11 gu h-àrd airson fios mun chiad seiseanan.	
BnG2.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dh'oidean a th' air taic trèanadh Gàidhlig fhaighinn.		Bidh e comasach dhuinn cunntas nas mionaidiche a thoirt air a seo aon uair 's gun tig na seiseanan gu ceann.	
BnG2.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean san trèanadh Ghàidhlig gu bheil e air piseach a thoirt air na sgilean cànain aca.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman gan toirt do dh'òigridh airson sgilean cainnt is misneachd sa Ghàidhlig a bhrosnachadh tro thachartasan-còmhnaidh is eadar-ghinealaich				
BnG2.2.1	Tachartasan Sgoil-samhraidh Dràma is 5 Latha air an cumail le àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna, ma bhios a leithid comasach anns na h- àitichean far am bi na tachartasan a' dol air adhart.		Chaidh 5 Latha air leth soirbheachail a chumail sa Ghiblean 2024 le 16 com-pàirtichean an sàs. Chaidh an Sgoil-shamhraidh Dràma a mhargaidheachd ann an R1 agus tha dùil gum bi 18 com-pàirtichean an sàs, àrdachadh air 2023. Bidh Màiri NicIlleMhoire na stiùiriche.	
BnG2.2.2	Sgeama Beairteas air a ruith is àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
BnG2.2.3	Fianais bho chom-pàirtichean ann an tachartasan còmhnaidh agus Beairteas gu bheil iad seo air cur ris na sgilean cainnt aca is am misneachd gus Gàidhlig a chleachdadh.		Cha deach seo adhartachadh ann an R1.	
Goireasan ciùil is teagaisg gan cur air-loidhne gus a bheil iad nas ruigsinniche is cothrom aig barrachd dhaoine feum a dhèanamh orra				
BnG2.3.1	Pròg ram de chruinneachadh is didseatachadh òrain Ghàidhlig air a ruith is clàraidhean ri fhaighinn dhan phobaill, ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùs eile.		Faicibh AC9 gu h-àrd.	
BnG2.3.2	Sanasachd agus obair sgaoilidh ga dhèanamh airson na h-òrain a thoirt do dh'àireamhan nas motha de luchd- èisteachd.		Chaidh cruinneachaidhean Fuaran a bh' ann roimhe a chur air adhart gu farsaing air na meadhanan sòisealta agus bha na clàraidhean air an toirt cuideachd do BhBC Radio nan Gàidheal a bhios gan cluich gu cunbhalach.	

			Leanaidh sinn oirnn a' sgaoileadh nan òran sin agus na h-òrain air an clàradh às ùr aig a h-uile cothrom.	
BnG2.3.4	Fianais bho chom-pàirtichean gu bheil Fuaran, is pròiseactan eile, a' cur ris an eòlas a th' aca air òrain Ghàidhlig agus am misneachadh a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice.		Bidh cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
BnG2.4.1	Gu bheil ceanglaichean gan togail le Tobar an Dualchais, agus daoine is buidhnean iomchaidh eile san raon seo, tro phròiseact cruinneachaidh is didseatachaidh òrain Ghàidhlig.		Tha sinn làn dùil gum bi seinneadairean Gàidhlig sa phròiseact Fuaran airson feum a dhèanamh de Thobar an Dualchais leis a bheil sinn air ceanglaichean a stèidheachadh roimhe.	
Luchd-ionnsachaidh is daoine gun Ghàidhlig air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh tro Fhèisgoil				
BnG3.1.1	Pròram Fèisgoil air a lìbhrigeadh le 100 seisean/bùiththean-obrach dràma, 150 seisean Blasad Gàidhlig (no barrachd ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùsan eile) agus 20 seisean tràth-bhliadhnaichean (Hùb-Hab no eile)		Faicibh AC19-28 gu h-àrd. Chaidh 20 seisean Hùb-Hàb a lìbhrigeadh le Kit Rodman-Orr sa Chèitean, airson 457 pàistean ann am buidhnean tràth-bhliadhnaichean. Tha sinn an dùil na targaidean a chaidh romhainn airson 2024-25 a choileanadh gu tur.	
BnG3.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de sgoilearan a tha air buannachd fhaighinn bho phròiseactan Fèisgoil.		A bharrachd orra-san a tha an sàs ann an ICO, tha Gàidhlig aig na h-oidean a tha an sàs ann an lìbhrigeadh obair Fèisgoil agus bidh àrdachadh ann no às am-bliadhna an urra ris na cothroman a th' ann obair a lìbhrigeadh. Bidh e comasach dhuinn seo a leudachadh tro aithris shònraichte.	
BnG3.1.3	Fianais gu bheil tachartasan Fèisgoil a' cur ris an ùidh am measg sgoilearan, agus an tidsearan, gus Gàidhlig a chleachdadh no ionnsachadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman a bharrachd ri fhaighinn do luchd-ealain le Gàidhlig a bhith a' faighinn cosnadh is a' leudachadh nan sgilean aca				
BnG3.2.1	Oidean Gàidhlig a' faighinn chothroman seiseanan Fèisgoil a lìbhrigeadh is faighinn buannachd bho thrèanadh is cothroman leasachadh proifeasanta eile.		Bidh grunn chothroman trèanaidh rim faotainn do luchd-teagaisg Fèisgoil tron bhliadhna co-cheangailte ri prògraman fa-leth agus goireasan a chaidh ullachadh dhaibh.	
BnG3.2.2	Ma bhios meudachadh san obair seo, àrdachadh bliadhna-air-bliadhna air anàireamh de dh'oidean le Gàidhlig an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh sheiseanan às leth Feisgoil.		Faicibh BnG3.1.2 gu h-àrd.	
BnG3.2.3	Fianais bho oidean Fèisgoil gu bheil an obair air a bhith na tlachd dhaibh is iad air cothroman a bharrachd fhaighinn gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman a bharrachd ann do luchd-ealain a bhith a' cur phròiseactan air dòigh is luchd-èisteachd a ruigsinn gus Gàidhlig a chur air adhart				
BnG4.1.1	Sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig air a ruith dà thuras sa bhliadhna ann an co-bhonn le Alba Chruthachail mar chothrom fosgailte do bhuidhnean is daoine cur a-steach airson Maoineachadh.		Faicibh AC39 gu h-àrd.	
BnG4.4.1	Gu bheil riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig air pannal-measaidh iarrtasan Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Tha Steven Kellow air cuireadh fhaighinn a dhol an àite Brian Ó hEadhra mar bhall den phanail.	
BnG4.1.2	A rèir nam pròiseactan a gheibh taic, ag amas air adhartas bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh dhaoine/luchd-èisteachd		Tha iarrtas airson Maoin nan Ealan Gàidhlig air a dhol suas gu mòr air a' bhliadhna a dh'fhalbh agus tha sinn an dùil, mar sin,	

	a bhios a' faighinn buannachd bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig.		gun tig àrdachadh air na tha a' buannachadh tro na pròiseactean a tha air am maoineachadh, cho math ri buaidh airgead a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG4.4.3	Fios air ais bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig a' sealltainn gu bheil iad air daoine a bhrosnachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig no a' Ghàidhlig a chur air beulaibh an t-sluaigh.		Tha seo follaiseach anns an stiùireadh le prìomhachas ga thoirt do dh'obair air a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig agus, mar sin, tha sinn an dùil gun urrainn dhuinn seo a dhearbhadh.	
A' neartachadh turasachd chultarach Ghàidhlig is meas a' phobaill air na h-ealainean traidiseanta tro thachartasan fìrinneach tron Fhèis Blas				
BnG4.2.1	Ma bhios maoin iomchaidh ann, Fèis Blas air a cumail ann an co-bhonn ri Comhairle na Gàidhealtachd is buidhnean com-pàirt eile le co-dhiù 25 tachartasan.		Faicibh AC32 gu h-àrd. A dh'aindeoin buaidh airgead gun àrdachadh, tro obair com-pàirteachais tha sinn an dùil timcheall air 21 tachartasan beò a lìbhrigeadh. Bidh grunn thachartasan air-loidhne ann cuideachd.	
BnG4.2.2	Fàs bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh luchd-ealain is luchd-èisteachd a tha an sàs no a' frithealadh tachartasan Fèis Blas, a rèir na h-àireimh de thachartasan agus cho fad 's a chumas taic-airgid suas ris na cosgaisean a bhios na lùib.		Tha sinn an dùil ri luchd-èisteachd nas lugha am-bliadhna, gu mì-fhortanach, leis gum bi nas lugha de thachartasan ann.	
BnG4.2.3	Ìre àrd de riarachas air a sealltainn bho luchd-èisteachd tachartasan Fèis Blas a thaobh tlachd bho na tachartasan is cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.		Bithear a' cruinneachadh fianais gu cunbhalach tro mheasaidhean agus tha sinn an dòchas na h-ìrean àrda a chaidh a choileanadh roimhe a chumail a' dol.	
Ag obair gu h-eadar-nàiseanta airson aithne a thoirt air cultar na Gàidhlig is ceanglaichean a thogail le luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh an t-saoghail				
BnG4.3.1	A' sruthadh 5 tachartasan beò tro FèisTV (barrachd ma bhios maoin ga ceadachadh) is cur ri clàraidhean de thachartasan a tha ri fhaighinn air-loidhne uair sam bith.		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
BnG4.3.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna ann an àireamhan luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV air no a tha an sàs ann am pròiseactan eile aig Fèisean nan Gàidheal.		Bidh seo an urra ri comas air àireamh de thachartasan a tha a' sìor fhàs a lìbhrigeadh.	
BnG4.3.3	Fianais bho luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV no com-pàirtichean ann am pròiseactan le dàimh eadar-nàiseanta gu bheil iad air barrachd tuigse a thogail air a' Ghàidhlig.		Bidh cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri deagh mhodhan riaghlaidh				
BnG5.1.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' foillseachadh aithisg bhliadhnail is cunntasan bliadhnail.		Faicibh AC51 gu h-ard.	
BnG5.1.2	Gu bheil tilleachdan air a chur a-steach do OSCR is Taigh nan Companaidhean ann an deagh àm mar a tha a dhìth.		Faicibh AC50 gu h-ard.	
BnG5.1.3	Gu bheil coinneamhan cunbhalach ann de bhòrd na buidhne.		Faicibh AC40 gu h-ard.	
BnG5.1.4	Gu bheil poileasaidhean corporra iomchaidh aig a' bhuidhinn agus gu bheilear gan ath-ùrachadh bho àm gu àm.		Tha seo mar phàirt den obair leantainneach aig Bòrd-stiùirdidh Fèisean nan Gàidheal, le taic bho luchd-obrach.	

Gu bheil luchd-obrach Fhèisean nan Gàidheal a' faighinn taic iomchaidh				
BnG5.2.1	Gu bheil an tuarastal bith-beò fìor ga phàigheadh do luchd-obrach, luchd-ealain, oidean, cunnradairean no daoine eile a tha ag obair às leth na buidhne, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba.		Faicibh AC47 agus AC48 gu h-ard. Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar fhastaiche an tuarastal bith-beò agus tha pàigheadh a rèir aontaidhean nan ùghdarrasan ionadail airson luchd-obrach agus ìrean àbhaisteach gnìomhachais airson luchd-ealain.	
BnG5.2.2	Gu bheil seanailean taice agus conaltraidh gan toirt seachad do luchd-obrach fa leth, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba.		Tha aithris mun dòigh-obrach againn a thaobh Obair Chothromach an Toiseach ri fhaighinn ann an earrann nam poileasaidhean air an làrach-lìn againn. Tha Obair Chothromach an Toiseach na chuspair air clàr-gnothaich choinneamhan sgioba, a' tabhann cothrom conaltraidh agus tha cothrom eile ann tro mheasaidhean. Tha luchd-obrach gu ruige seo air cur an aghaidh riochdachadh coitcheann ach thathar gam brosnachadh gus beachdachadh air an roghainn seo.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal ann an suidheachadh seasmhach a thaobh ionmhas				
BnG5.3.1	Gu bheil bòrd-stiùiridh Fhèisean nan Gàidheal a' cumail sùil air ìre stòrasan gun chuing is am poileasaidh stòrasan aige a rèir feumalachdan na buidhne.		Tha seo mar phàirt den obair leantainneach aig Bòrd-stiùirdidh Fèisean nan Gàidheal, le taic bho luchd-obrach. Tha Fèisean nan Gàidheal air stòras reusanta a ghlèidheadh airson grunn bhliadhnaichean a-nis.	
BnG5.3.2	Gu bheil deagh dhàimhean gan cumail le ùghdarrasan ionadail agus Alba Chruthachail.		Faicibh AC43 gu h-àrd. Tha aithisgean air an toirt seachad air dàimhean leis an luchd-maoineachaidh aig gach coinneamh Bùird agus bidh luchd-obrach ag obair le raon de dh'ùghdarrasan ionadail agus le Alba Chruthachail tro dhiofar earrannan de ar pròg ram.	
BnG5.4.1	Gu bheil fios ga thoirt do Bhòrd na Gàidhlig cho luath 's a tha atharrachadh ann am ballrachd bhòrd-stiùiridh no luchd-obrach na buidhne.		Leis an ìre de dh'atharrachaidhean air a' Bhòrd ann an 2023, chan eil sinn an dùil ri tuilleadh atharraichean ann an 2024-25. Tha ballrachd a' Bhùird ri fhaicinn aig feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/.	
BnG5.4.2	Gu bheil geàrr-chunntasan coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne gan deasachadh agus gan cur gu Bòrd na Gàidhlig an dèidh dhaibh a bhith air an aontachadh.		Bidh pàipearan a' Bhùird-stiùiridh gu lèir gan cur gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach le geàrr-chunntasan choinneamhan nam measg.	
BnG5.4.3	Gu bheil a' bhuidheann a' cumail clàr-chunnartan, air a bheilear a' dèanamh lèirmheas le bòrd-stiùiridh na buidhne co-dhiù aon turas gach bliadhna.		Faicibh AC44 gu h-àrd.	
Gu bheil barrachd daoine mothachail is eòlach air obair Fhèisean nan Gàidheal				
BnG6.1.1	Gu bheil àireamh luchd-leantainn air na meadhanan sòisealta a' fàs bliadhna-air- bliadhna.		Tha seo air a bhith fìor ach nì sinn sgrùdadh air seo a' cleachdadh figearan 2023-24 mar bhonn-stèidh.	
BnG6.1.2	Co-dhiù 6 sanasan-naidheachd agus/no cuairt-litrichean gam foillseachadh is gan sgaoileadh gach bliadhna air obair na buidhne.		Chaidh co-dhiù 5 brathan naidheachd fhoillseachadh ann an R1 ag aithneachadh taic Bòrd na Gàidhlig. Chaidh 3 brathan fhoillseachadh ann an R1 far an deach aithrisean iarraidh bhon a bha an obair a' faighinn taic dìreach bho Bhòrd na Gàidhlig.	

Gu bheil buidhnean Gàidhlig ag obair nas dlùithe còmhla				
BnG6.2.1	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh Fhèisean nan Gàidheal is oifigearan Iomairt Chomunn na Gàidhlig anns an sgìre aca.		Bidh conaltradh cunbhalach agus co-obrachadh eadar oifigearan fa-leth ChnaG agus Fèisean nan Gàidheal agus tha sinn an dòchas gun tèid seo a neartachadh tuilleadh tro obair lìonra nan Oifigearan Gàidhlig. Tha sinn air a bhith a' bruidhinn ri CnaG mu thachartas gus 40 bliadhna a chomharrachadh mar phàirt de Bhlas 2024. Rinn tè de na h-Oifigearan Leasachaidh againn, Abi Reid, taisbeanadh aig a' cheathramh Cruinneachadh Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal far an robh cothrom conaltradh a dhèanamh le oifigearan eile.	
BnG6.2.2	Gu bheil co-obrachadh air a bhrosnachadh eadar Fèisean ionadail is Mòdan ionadail fo stiùir a' Chomuinn Ghàidhealaich.		Tha dàimh fìor mhath againn ris a' Chomunn Ghàidhealach agus bidh sinn a' brosnachadh obair càch a chèile tro shianalan meadhanan sòisealta. Tha sinn ag obair còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach air Acadamaidh a' Mhòid (Faic AC21 gu h-àrd) agus tha fios againn bho rannsachadh air a' bhuaidh a bhios aig na Fèisean air comasan ciùil òigridh a tha a' gabhail pàirt ann am mòdan. Thug dithis de na h-Oifigearan Leasachaidh againn taisbeanadh air Com-pàirteachadh Saor-thoilich aig Co-labhairt nam Mòdan Ionadail air a ruith leis a' Chomunn Ghàidhealach aig Eden Court ann an Inbhir Nis. Tha co-dhiù dà Fhèis air còisirean Gàidhlig a stèidheachadh a bhios a' gabhail pàirt ann am mòdan agus bha Fèis Phàislig, mar eisimpleir, gu mòr an sàs ann an ullachadh son Mòd Nàiseanta 2023 ann am Pàislig.	
BnG6.3.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri Stiùireadh Aithneachaidh Bhòrd na Gàidhlig, mar a tha air ùrachadh bho àm gu àm.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo agus thathar ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig aig a h-uile cothrom iomchaidh.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. A dh'aindhoin sin, chaidh maoin airson 2024-25 a phàigheadh dhunn airson taic a chumail ri Fèisean ionadail agus Blas a lìbhrigeadh.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Ged a chaidh a dhearbhadh gum bi maoin ann bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2024-25 aig an aon ìre ri 2023-24, cha deach suim sam bith a phàigheadh ann an R1 agus thathar a' feitheamh air cùmhnant.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill:

1. Còmhradh a thogail mu chuspair sam bith a bhios a’ togail ceann agus
2. Fa-near a thoirt don adhartas leis a’ phròg̀ram obrach.

Art MacCarmaig
Ceannard
An t-Sultain 2024

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2024.02(b)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

24.05.24 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
27.05.24 Coinneamh le Siobhan NicAnndrais, Alba Chruthachail
30.05.24 Com-pàirt ann an seisean Eòlas air a' Ghàidhlig aig HIE
12.06.24 Coinneamh le Tobar an Dualchais
09.07.24 Coinneamh de phanail Tasgadh
06.07.24 Coinneamh de phanail Maoin nan Ealan Gàidhlig
10.07.24 Coinneamh le Seumas MacÌomhair, neach-sgrùdaidh
21.07.24 Tadhal air Fèis Thròndairnis
29.07.24 Coinneamh le Bryan Beattie mu Chòisir Ghàidhlig Òigridh na h-Alba
29.07.24 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
30.07.24 Compàirt ann an seisean mu mhaoin a' Chrannchuir Nàiseanta
06.08.24 Coinneamh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
08.08.24 Coinneamh le Jesse Scott a tha a' rannsachadh crìonadh cànain agus ath-nuadhachadh
08.08.24 Coinneamh le Kathleen O'Neill bho CHARTS
09.08.24 Oidhirp tadhal ar Fèis Lochabair agus Fèis na h-Òige
04.08.24 Coinneamh de bhuidheann Riaghaltas na h-Alba a' dèiligeadh ri conaltradh mun Ghàidhlig
20.08.24 Coinneamh Sgioba Fèisean nan Gàidheal
23.08.24 Coinneamh de dh'urrasairean Urras Dhòmhnaill Iain MhicAoidh
26.08.24 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
27.08.24 Coinneamh de Bhuidheann-obrach nan Ealan Dùthchasach aig Alba Chruthachail
06.09.24 An làthair aig tachartas Blas ann an Dùn Bheagain
09.09.24 An làthair aig tachartas Blas ann am Port Rìgh
10.09.24 Taic do dh'Ailig Dòmhnallach le tachartas air-loidhne son Blas
11.09.24 Coinneamh le Frank Strang, Riaghaltas na h-Alba, a' dèiligeadh ri ro-innleachd son fèisean
11.09.24 Coinneamh de bhuidheann Riaghaltas na h-Alba a' dèiligeadh ri conaltradh mun Ghàidhlig
11.09.24 An làthair aig tachartas Blas anns a' Phloc
12.09.24 Taic do Eòghainn MacEunraig le tachartas air-loidhne son Blas
13.09.24 An làthair aig tachartas Blas ann an Stafainn
14.09.24 An làthair aig tachartas Blas ann an Inbhir Ionaid
25.09.24 An làthair aig coinneamh Chomunn na Gàidhlig mu ro-innleachd òigridh
26.09.24 Coinneamh le Carola NicChaluim airson a' ruith thairis air planaichean choinneamhan
27.09.24 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
28.09.24 An làthair aig Cruinneachadh nam Fèisean

Tha mi air aontachadh gum bu chòir dhuinn ar taic do Thalla nan Seòid aig Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba a chumail a' dol agus thèid cuirm na bliadhna-sa air adhart ann an Inbhir Nis air 30mh Samhain. Bidh dà àite againn aig na duaisean mar phàirt den £700 a chosgadh seo dhuinn agus faodaidh sinn suidheachain a bharrachd a cheannach dhaibhsan a tha airson a bhith an làthair. Is dòcha gum bi buill a' Bhùird airson beachdachadh air cò bhon Bhòrd a bu chòir a bhith gan riochdachadh.

Tha mi cuideachd air aontachadh, ann am prionnsabal, taic a thoirt do roinn aig duaisean FilmG. Thèid seo a dhearbhadh aon uair 's gu bheil na roinnean air an aontachadh, ma bhios duais iomchaidh ann airson neach òg/daoine òga ris an gabhadh ar taic a cheanglachadh. Cosgaidh seo £500.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sinn ag obair bhon taigh.

- Chur sin mach litrichean agus phàigh sin airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2024-25. Chaidh £110,842 a-mach ach bha £219,213 air a tairgse uile gu lèir às dèidh aonta bhon na Buill.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Luke Slater feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Tha maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuair Fèis Eilean na Hearadh & Fèis Rois taic an uiridh.
- Tha mi trang cur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2024 air 27/28 Sultain, ann an taigh-òsta Leonardo, Inbhir Nis.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean ach tha Luke a' gabhail seo os laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Cèilidhean air Chuairt 2024. Chaidh airgead na bliadhna seo a-mach gu Fèis Lochabair, Fèis Latharna & Fèis Spè.
- Tha Luke a' coimhead às deidh ionnsramaidean chùil a-nis agus chaidh caradh a'dhèanamh air ionnsramaidean a'mìos seo. Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh an uiridh. Tha John Masson a'caradh ionnsramaidean a-nis dhuinn. Tha feadhainn a-mach air màl cuideachd.
- Chuir mi àrachas air dòigh airson FNG anns An Gearran às dèidh beagan strì a thaobh buidhnean corpaichte agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas anns an t-Sultain. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 22 Gearran 2024.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 24/25 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach airson an uiridh agus tha mhòr chuid air am pàigheadh a-nis.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Chaidh trèanadh luchd-obrach air adhart anns an Dùbhlachd cuideachd còmhla ri Morag Stiubhart. Rinn Calum, Aonghas & Luke cùrsaichean eader-dhealaichte anns an Fàoilteach. Chaidh Trèanadh Gàidhlig le Ingrid air adhart anns a'Ghearran agus Cothrom Comhraidh dhan na Fèisean anns a'Mhàirt 2024. Rinn Monica Hayes bho Fèis Obar Dheathain trèanadh Ciad-Cobhair anns a'Mhàirt cuideachd. Rinn 9 trèanadh ciad-cobhair ann An Glaschu anns a'Chèitean agus bha trèanadh oidean air-loidhne le Ingrid. Tha Abi a dèanamh trèanadh togail airgead a'dh'aithghearr.

- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd.
- Tha sinn a' cuideachadh Fèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta agus chaidh poileasaidhean eile ùrachadh.
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.
- Tha Luke a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Luke pàirt-ùine ach a' toirt taic dhomh le seo cuideachd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Chaidh Fèis Bhlas air adhart air 6-14 an t-Sultain 2024. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi anns am Phloc agus ann an Stafainn. Tha 3 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2024-25 agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach dhaibh. Chaidh trèanadh air adhart gu h-ionadail.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhiù latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire/Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach agus coinneamhan Zoom far a feum mi a bhith ann.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar. Bha Peigi Ann deiseil anns an Òg-mhios 2023 agus Calum Friseil anns an dreuchd a-nis bhon Lùnastal.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Cuiridh mi seachad ùine còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a tha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna air 10/11 Iuchar. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 30 Òg-mhìos 2024.
- Thug mi taic do Luke a' cur air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd agus eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante. Tha mi ag obair air Plana Adhartais airson na gnàth-shìde. Rinn mi dà seisean trèanaidh anns an Fhaoilteach airson seo.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Chèitean 2024.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

B' e sàmhradh fìor thrang a bh' ann dha na Fèisean le 17 dhiubh a' cumail na prìomh thachartasan aca rè na saor-làithean. Chùm mi taic ri grunnan Fèisean le foirmean air-loidhne, eadar-theangachaidhean, sìreadh oidean, taic a bharrachd do chom-pàirtichean, clàran-ama is eile. Fhuair mi cothrom tadhail air feadhainn aca 's chòrd seo rium uamhasach fhèin math. Bha na h-àireamhan a ghabh pàirt as na Fèisean gu math fallain am bliadhna agus na comataidhean gu math toilichte le mar a chaidh gnothaichean dhaibh.

As na mìosan a tha romhainn bidh mi a' cumail taic ri na Fèisean a tha fo mo stiùir leis na prògramanan leantainneach aca, trèanadh agus coimhead air cothroman maoineachaidh. Bidh mi cuideachd a' cumail taic ris an còrr dhan sgioba-leasachaidh leis na gnìomhan anns a bheil iad an sàs le na Fèisean aca.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2024: 6 -14 Sultain

Chaidh an 20mh Blas a chumail aig toiseach an t-Sultain le pròg ram de thachartasan a' gabhail àite ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus cuideachd ann an Leòdhas agus Na Hearadh. Ged a bha am pròg ram againn na bu lugha am bliadhna air sgàth nach d'thànaig àrdachadh air ar maoineachadh chur sinn 16 tachartasan deug air dòigh le 9 tachartasan com-pàirteachais a bharrachd mar phàirt den Fhèis. A thuilleadh air sin chur sinn tri seiseanan Facebook Live a-mach agus bha bùiththean-obrach seinn is Gàidhlig air-loidhne cuideachd mar phàirt dhan a chaidh a thabhann.

Tha na mìosan mu dheireadh air a bhith gu math trang dhomh le Blas; a' cur am pròg ram ri chèile ann an ùine gu math goirid, a' co-òrdnachadh thachartasan agus com-pàirteachasan, conaltradh le luchd-ealain, cùmhnantan, gnothaichean teicnigeach, àitean-fuirich, larach-lìn, ticeadan is eile. Bidh mi ag ullachadh làn aithisg as na seachdainean a tha romhainn 's bidh sin ri fhaicinn ann am pàipearan a' bhùird san Dùbhlachd.

Trèanadh Luchd-obrach

Cha robh cothrom ann dhuinn mòran trèanaidh a dhèanamh mar sgioba as na mìosan mu dheireadh ach san ùine a tha romhainn bidh sinn a' cur trèanadh air dòigh son a' Ghàidhlig, bruidhinn poblach agus bidh daoine fa-leth a' gabhail cothroman eile air cuspairean eile a bhios feumail nan obair.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg

Bidh sinn a' tabhann measgachadh de chothroman ionnsachaidh do luchd-eagrachaidh nam Fèisean aig An Cruinneachadh aig deireadh an t-Sultain 's bidh an sgioba leasachaidh a' conaltradh ri Fèisean son dearbhadh feumalachdan trèanaidh 's thèid plana a chur air dòigh gus na h-iarrtasan a ruighinn. Tha fhios againn gu bheil iarrtas ann son taic do dh'ionmhasairean 's cuiridh sinn seisean air dòigh dhaibhsan às dèidh làithean-saora an Dàmhair.

Tha sinn an dùil sreath eile de chlasaichean Gàidhlig a ruith do luchd-teagaisg thairis air mìosan a' gheamhraidh. Bidh sinn cuideachd coimhead air an trèanadh a th' againn do dh'oidean ùra agus a' feuchainn ri taic a chumail riutha tro sheiseanan air-loidhne agus pasgan de ghoireasan sa chiad dol a-mach.

Fuaran
Gu mì-fhortanach, cha do shoirbhich leis an iarrtas a chur mi a-steach do sgeama 'Digital Accelerator Fund' a th' air a ruith le Bloomberg Philanthropies airson taic dha Fuaran, Oide, Fèis TV is an làrach.

Tha mi air a bhith a' cumail taic ri Abi gus iarrtas a dhèanamh gu Maoin-Dualchais a' Chrannchur 's thèid sin a-steach thuca a dh'aithghearr.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

5 Latha
Thèid 5 Latha 2025 air adhart eadar 7-12 Giblean, 's bidh mi tòiseachadh a' cur planaichean ri chèile son seo as na beagan seachdainean a tha romhainn le sanasachd a' dol a-mach ro shaor-làithean an Dàmhair.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Chuir sinn sanas air dòigh airson tuilleadh leasannan a chur ri Oide. Thànaig tagraidhean a-steach thugainn 's bidh sinn a coimhead riutha agus na h-ath-cheumannan son leasanan a chlàradh 's fhaighinn air-loidhne a dh'aithghearr.

Chaidh dà chonsart Blas a chlàradh 's thèid an sruthadh a dh'aithghearr tro Fèis TV. Rinn Norrie MacIomhair, Iain MacIomhair agus Eòghan agus Ingrid MacEunraig seiseanan Facebook Live dhuinn rè Blas agus bha àireamh fìor mhath de dhaoine dhan coimhead le tòrr moladh.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
Tha mi a' roinn an ùine agam eadar an oifis agus an taigh fhathast. Tha mi a' cumail taic ri Fèisean Lochabair agus a' mhòr chuid de Fèisean Earra-Ghàidheil le cuideachadh bhon an còrr den sgioba leasachaidh mar a tha iomchaidh. Tha mi air a bhith sgrùdadh mar a tha na Fèisean air an roinn eadar na h-oifigearan 's bidh sinn a' beachdachadh am bu chòir dhuinn beagan atharraichean a thoirt an sàs.

Bha sinn toilichte gu robh Faye Nic a' Ghobhainn ag obair còmhla ruinn airson 10 seachdainean mar phàirt de ghreis ghnìomhachais sàmhraidh le taic bho Chomhairle nan Eilean. Dh' obraich Faye air measgachadh de phròiseactan 's thug i taic mhath dha na Fèisean agus an sgioba san ùine a bha i còmhla ruinn.

Coinneamhan is eile
Coinneamh le Lesley-Ann Smith aig Live Music Now (23/5)
Coinneamh le Fèis Rois agus Meur Inbhir Pheofharain (24/6)
Coinneamh le Fionna NicDhùghaill, Tracs (15/7)
Coinneamh le Marina Mhoireach, CnaG (16/7)
A' tadhal air tachartasan Fèis Eilean an Fhraoich (24/7 & 26/7)
A' tadhail air Fèis an Rubha (31/7)
A' tadhail air Fèis Lochabair (6/8)
A' tadhail air Fèis na h-Òige (9/8)
Coinneamh le Jesse Scott (8/8)
Coinneamh Sgioba (20/8)
Coinneamhan le Oilthigh Ghlaschu mu phròiseact steidhichte air 'Eisearan' (2/8 & 5/9)
Consart Blas ann an Crothaidh (6/9)
Consart Blas ann am Bail' Ùr an t-Slèibhe (10/9)

Consart Blas ann an Cathar-Eaglais Inbhir Nis (12/9)
Consart Blas ann an Goillspidh (13/9)
Cèilidh Blas san Drochaid Ruaidh (14/9)

Ainm	Eilidh NicCoinnich
Dreuchd	Manaidsear Fèisgoil

NOTA: Bidh fiosrachadh mu na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisg Eilidh MhicCarmaig

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh do dh'oidean Iomairt Ceòl na h-Òigridh, le Eilidh NicCoinnich, 10.08.2024

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
1	2	16

Trèanadh air-loidhne do dh'oidean Blasad Gàidhlig, le Eilidh NicCarmaig, 10.08.2024

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
1	1	6

Trèanadh aghaidh ri aghaidh do dh'oidean Blasad Gàidhlig, le Eilidh NicCarmaig, 23.09.2024

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
1	2	Tbc – fios ri thighinn san ath aithisg

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Sgoil Shamhraidh Dràma 2024, Port Rìgh; air a lìbhrigeadh le Màiri NicIlleMhoire le Fearghas Rothach, Kit Rodmann-Òrr agus Aonghas Macleòid, Oifigear Dràma FnG.

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
4	12	18

Meanbh chuileag Cà' deach a' Chlach? 09.2024 air a lìbhrigeadh le Fearghas Rothach agus Claire Frances NicNeil; air a sgrìobhadh agus a' stiùireadh le Aonghas MacLeòid

Luchd-lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	28	28	636

Sporan O mo chlach! 09-13.09.2024 air a riochdachadh agus air a lìbhrigeadh le Aonghas Macleòid

Luchd-lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	11	11	220

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd – faic aithisg EC – na stad
Eòlas air a' Ghàidhlig: Luchd-obrach **HIE** 2/3 air a lìbhrigeadh an raith sa chaidh – fear air a lìbhrigeadh an raith seo, 30.05.2024. Àireamhan slàn ri fhaotainn an seo

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
4	9	115

CEÒL

Acadamaidh a' Mhòid:– àireamhan ri fhaotainn san ath aithisg

PRÒISEACTAN FA-LETH:

Mìos nan Gàidheal – air a lìbhrigeadh air-loidhne le Peigi Nic a Phiocair; 28.05.2024

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	2	1	27

Neart (UNCRC) – roinn Gàidhlig ann an 4 ard-sgoiltean, CNES

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
3	4	28	266

+ Café Neart air-loidhne 20.09.24 – fios ri thighinn san ath aithisg

Tabhaich – **Tiriodh** - ann an co-obrachadh le Urras Thiriodh agus Dòmhnall Meek

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
1	7 (nas fhaide)	21

Eisirean – tha mi fhìn is Calum Ailig ann an conaltradh le Alasdair MacIlleBhàin, Anna NicGriogair agus Claire Ramjan aig Oilthigh Ghlaschu mu pròiseact dùthchais, stèidhte ann an Muile leis an dùil gum bi Fèis Mhuile agus Fèisgoil an sàs san àm ri teachd.

Taic do Bhun-sgoiltean fa-leth:

BS Taobh na Pairce – Fèill Obraichean Gàidhlig – air a lìbhrigeadh le Eilidh NicCarmaig

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	1	4	tbc

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Blas -a' frithealadh aig 3 cuirmean mar phàirt den sgioba 07, 10 & 12.09.24

Mìos nan Gàidheal – air a lìbhrigeadh air-loidhne le Peigi Nic a Phiocair, 28.05.2024

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	2	1	27

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

A bharrachd air coinneamhan le sgioba Fèisgoil, Eilidh NicCarmaig (EC) agus Aonghas MacLeoid (AM)

28.05.2024: Mìos nan Gàidheal; MA NicLeòid Mitchell, Acadamaidh a' Mhòid 2025
30.05.24: Lorgan còmhla ri Arthur, EC agus Agnes Rennie air a lìbhrigeadh do luchd-obrach HIE
02.06-06.06: Neart – Cnoc Soilleir agus Talla na Mara le EC agus CF
06.06.2024: air-loidhne le Arthur, Calum Ailig agus Anne
17.06.2024: buidhean luchd obrach FnG nas lugha, le Anne ga stiùireadh mu 'Adaptation Plan'

25.06. & 28.08.2024: UNCRC: panail Foghlam Alba, agus daoine cruthachail (EC/CF nan measg) an sàs
29.07.2024: agallamhan a stiùireadh; neach rianachd ICO, sgoiltean ann an sgìre Lochabair
02.08 & 05.09.2024: Eisirean: Alasdair MacIllebhàin, Anna NicGriogair agus Calum Ailig.
07.08.2024: Jesse Scott, Arthur, Calum Ailig
08.08.2024: Eoghan Stiùbhart, Foghlam Alba, Neart (UNCRC)
10.08.2024: seisean trèanaidh ICO air a lìbhrigeadh air-loidhne; a' frithealadh aig seisean trèanaidh BG
15.08.2024 & 11.09.2024: Becca Skeoch, neach rianachd ùr, ICO sgoiltean Lochabair
20.08.2024: luchd-obrach FnG air fad; Chris Kane, CMAL mu seiseanan ùra, Eòlas air a ' Ghàidhlig
21.08.2024: Liam Ross, òran co-roinnte ICO ; MA NicLeòid Mitchell, Acadamaidh a' Mhòid 2025
28.08.2024: D MacLeòid, Sgoil Mhic Neacail, Neart; MA NicLeòid Mitchell Acadamaidh a' Mhòid 2025
03.09.2024: EC agus Calum Friseal – Neart
04.09.2024: Joy Dunlop, Eòlas air a' Ghàidhlig – ag ullachadh seisean ùr do luchd obrach CMAL
06.09.2024: Evelyn Coull NicLeòid aig CnES mu Seinn 2024/25
07, 10 & 11.09.2024: Blas – a' frithealadh aig cuirmean-ciùil; 10.09 – Alice Parkin, UNCRC; Ruth Green – sustainable set deisgn
11.09.2024: Noelle Gilbert – Fonndrais Pòl Hamlyn
20.09.2024: Café Neart air-loidhe (1/4) le Mirren Ward agus Rae NicIomhair mar aoighean sònraichte, òigridh Sgoil an Tairbeairt ga stiùireadh agus a' coinneachadh tro chunntas Teams FnG.

As deidh còmhradh le Eilidh NicCarmaig dh'aontaich sinn gum bi i ag obair 3 laithean san t-seachdain an àite 4, leis an dùil gum bi barrachd ùine aice obair cruthachail eile a lìbhrigeadh

---

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

NOTA: Bidh àireamhan do na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisg Eilidh MB.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Seisean Trèanaidh ICO (Air-loidhne) 10.08.2024 – 1030-1230
Air a lìbhrigeadh le Eilidh MB le taic teicnigeach bhuamsa. Sùil air fiosrachadh ùr, plana airson ICO ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd 2024-25 agus measgachadh de dh'òrain is geamaichean freagarrach do sgoilearan C5.

Seisean Trèanaidh Blasad G (Air-loidhne) 10.08.2024 – 1400-1500
A' cumail taic ri oidean a bhios a' teagasg air-loidhne, air a lìbhrigeadh leamsa. Thug sinn sùil air preasantadh air Teams, cleachdadh Whiteboard agus apps eile is còmhradh air dòighean seiseanan a chumail beòthail agus ceangal a dhèanamh le sgoilearan ged a tha oidean aig an taigh.

Bidh seisean aghaidh-ri-aghaidh do dh'oidean san amharc a' gabhail àite air Diluain 23.09.24 aig An Lòchran ann an Glaschu.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Faic aithisg Aonghais airson fios mu na pròiseactan drama. Tha mise air a bhith a' cumail taic ris le clàran-ama nan tursan agus goireasan co-cheangailte ris na taisbeanaidhean/bùthan-obrach.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig

Tha sinn fhathast a' feitheamh fios bhon riaghaltas a thaobh maoineachaidh mus tèid againn air fios a chur air oidean no sgoiltean gus clàran-ama a chur air dòigh. Tha còmhraidhean air a bhith a' dol còmhla ri Fonndrais Pòl Hamlyn gus maoineachadh fhaighinn airson 2025-26 do Bhlasad Gàidhlig.

Eòlas air a' Ghàidhlig – Lorgan HIE

Lìbhrig Eilidh MB, Art, Agnes Rennie agus mi fhìn sreath de thrì sheiseanan do HIE air 16, 23 agus 30 An Cèitean 2024. Fhuair sinn measadh fìor mhath bho na com-pàirtichean agus bho HIE fhèin.

Eòlas air a' Ghàidhlig – CMAL

Tha Joy Dunlop gu bhith a' lìbhrigeadh seisean aghaidh-ri-aghaidh còmhla riutha air 14.11.24 ann an Glaschu agus tha e coltach gum bi mu 50 an sàs. Bidh Agnes Rennie a' cur bhidio sònraichte air dòigh air a shon cuideachd oir bha iad a' sireadh pìos air croitearachd gu sònraichte.

Eòlas air a' Ghàidhlig – HIAL

Tha HIAL a' lorg seisean EAG eile aig toiseach 2025. Chaidh fios a chur air Iain MacIlleChiar airson a lìbhrigeadh ach chan eil dearbhadh againn bhuaithe fhathast.

CEÒL

Iomairt Chiùil na h-Òigridh

Tha seiseanan ICO air tòiseachadh airson 2024-25. Tha Becca Skeoch air obair a ghabhail mar cho-òrdanaiche Fèis Lochabair agus seiseanan a' tòiseachadh sna sgìrean air fad an ceartair.

Tha FnG a' cur seiseanan air dòigh às leth Fèis Inbhir Narainn a-rithist am-bliadhna agus bidh Karen Oakley, Sandra NicAoidh, Rubén Bejarano-Gonzalez agus Màiri Thérèse Gilfedder an sàs mar oidean.

Seinn Uibhist & Barraigh

Fhuair sinn dearbhadh mu mhaoineachadh £25k airson an seirbheis seo a lìbhrigeadh am-bliadhna às leth CnES. Bidh sinn a' siubhal oidean ùra airson Seinn am-bliadhna ann am Barraigh agus ann an Uibhist. Tha sinn air fios a chur air feadhainn ach fhathast a' feitheamh air dearbhadh bhuapa.

Acadamaidh a' Mhòid

Tha seiseanan a' dol a-rithist an teirm-sa air thoiseach air Mòd an Òbain 2024 le oidean ag obair air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh. Leis nach do sheall an t-uabhas sgoiltean ann an Comhairle Earra-ghàidheil & Bhòid ùidh anns a' chothrom, no sgoiltean a tharraing às an teirm-sa, tha oidean cuideachd ag obair cuide ri BS Ghoodlyburn, BS Ghàidhlig Ghleann Dail, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus BS an Iar le cead bho Bhòrd na Gàidhlig.

Bha sinn ann an conaltradh ri Comhairle na Gàidhealtachd mu Mhòd Lochabair 2025 mar-thà.

PRÒISEACTAN FA-LETH

Tabhaich – Tiriodh

Lìbhrig an t-Ollamh Dòmhnall Meek seiseanan buail-a-steach agus seiseanan-còmhraidh adhartach ann an Tiriodh as t-samhradh ann an co-obrachadh le Urras Thiriodh.

Neart – Pròiseact UNCRC le e-Sgoil

Às dèidh dhuinn coinneachadh ri sgoilearan ÀS1-3 nan Eilean Siar aig toiseach a' Chèitein, thill mi fhìn, Eilidh MB agus Calum F san Ògmhios airson seiseanan a lìbhrigeadh le buidhnean fòcais, a'

gabhail a-steach ÀS4-6. Choinnich sinn ri sgoilearan Leòdhais & na Hearadh ann an Talla na Mara air 03.06 agus sgoilearan Uibhist & Bharraigh air 04.06 ann an Cnoc Soilleir.

Tha diofar ìrean de shoirbheachas air a bhith againn leis a' phròiseict gu ruige seo, agus tha sinn air ceisteachan a chur a-mach do na sgoilearan gus beachdan a bharrachd a thional. Fhuair sinn còrr is 100 freagairt gu ruige seo. Bidh sreath de chafaidhean air-loidhne a' tòiseachadh an ceartair, coltach ri Café Bheairteis, far am faigh sgoilearan cothrom bruidhinn ri inbhich òga le Gàidhlig a tha air a bhith soirbheachail ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nam beatha làitheil no nan obair.

Fèill Obrach, Bun-sgoil Taobh na Pàirce & Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig 26.09.24
Tha mi gu bhith a' lìbhrigeadh bùth-obrach fad 25 mion ceithir tursan air an là seo do dhiofar bhuidhnean de sgoilearan gus blasad a thoirt dhaibh air nas urrainn dhaibh a dhèanamh leis a' chànan ann an saoghal na h-obrach agus na cothrom a fhuair mi fhìn tro na Fèisean/FnG.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Mìos nan Gàidheal, Alba Nuadh – 28.05.24
Ghabh seisean Seinn air-loidhne cuide ri Sgoil an Iochdair agus Taigh-sgoile na Drochaide ann am Mabù àite gus Mìos nan Gàidheal a chomharrachadh, air a lìbhrigeadh le Peigi Nic a' Phiocair.

Blas 2024
Bha mi an sàs mar chom-pàirtiche aig trì cuirmean agus mar Blas rep aig dà chuirm. Rinn mi Q&A còmhla ri com-pàirtichean Fèis Spè air an àrd-ùrlair air 10.09.24 gus an Fhèis a shanasachadh.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

A bharrachd air coinneamhan gu cunbhalach le Eilidh MB agus Aonghas, tha mi air a bhith an sàs anns na coinneamhan/tachartasan a leanas:

Gu mìosail:	Neart (UNCRC) – coinneamh le Foghlam Alba agus e-Sgoil
30.05.24:	Lorgan còmhla ri Arthur, EMB agus Agnes Rennie air a lìbhrigeadh do HIE
02.06-06.06:	Neart – Cnoc Soilleir agus Talla na Mara le EMB agus CF
10.08.2024:	Seisean trèanaidh BG air a lìbhrigeadh air-loidhne; a' frithealadh aig seisean trèanaidh ICO sa mhadainn
20.08.24:	Coinneamh Sgioba FnG
03.09.24:	Seisean planaidh le EMB agus Calum Friseal – NEART
08-10.09.24:	Blas – an sàs ann an cuirmean mar chom-pàirtiche agus mar Blas rep

---

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh
Lìbhrig mi seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamh air loidhne den bhòrd-stiùiridh air 24 Cèitean 2024.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh do Luchd-oide Dràma Fèisgoil/ daoine le ùidh ann an oideachadh
Thug mi taic do mo cho-obraichean agus Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Lochabar, Fèis na h-Òige and Fèis a' Bhaile gus luchd-oide dràma le Gàidhlig a thrusadh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Hùb Hàb 2024 - Aig an t-Siorcas
Aig deireadh a' Chèitein thug mi taic-rianachd do Khit Rodman-Orr a bh'air fhastadh gus an turas le 'Hùb Hàb aig an t-Siorcas' lìbhrigeadh eadar 13 Cèitean agus 24 den Chèitean.

Cuairtean dràma do sgoiltean Gàidhlig ann an 2024 - 2025
Aig deireadh a' Chèitein, chaidh foirm-clàraidh a' sgaoileadh air sgoiltean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gus an ìre de dh'ùidh a th'aig sgoiltean a dhearbhadh na cuairtean dràma a bhios againn anns a' bhliadhna sgoile 2024-2025.

Làithean Dràma aig Bun-sgoil Ulapuil
Ann am pròiseact compàirteachaidh a chur Eden Court air dòigh, lìbhrig mi dà latha de bhùthan-obrach dràma do sgoilearan aig Bun-sgoil Ulapuil air Dimairt 28 den Chèitean agus Dimàirt 18 den Ògmhios. Chaidh sgoilearan sa roinn Bheurla a theagasg aig an àm le oidiche dràma on sgioba aig Eden Court. Chaidh na bùthan-obrach a lìbhrig sinn a mholadh gu mòr le luchd-teagasg na sgoile 's chuir iad fàilte oirnn tilleadh.

Dràma aig Àrd-sgoil Phort Rìgh do sgoilearan Àrd-sgoil Greenfaulds
Air Diardaoin 13 Ògmhios, lìbhrig mi sreath de bhùthan-obrach dràma tro mheadhan na Gàidhlig aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Bha na bùthan-obrach seo mar phàirt de thachartas fad latha a chur luchd-teagasg roinn Ghàidhlig na sgoile air dòigh do sgoilearan roinn Ghàidhlig Àrd-sgoil Greenfaulds fhad 's a' bha iad san eilean an t-seachdain sin. Ghabh 26 sgoilear a Greenfaulds, eadar 12 agus 16 bliadhna a dh'aois, pàirt san tachartas. Ghabh cuid de na sgoilearan on roinn Ghàidhlig aig Àrd-sgoil Phort Rìgh pàirt sna seiseanan seo còmhla riutha.

Sgoil-shamhraidh Dràma 2024
Bha 18 chompàirtichean aig an sgoil-còmhaidh am bliadhna sa a ghabh àite ann am Port Rìgh eadar 1 agus 6 den luchair. B' e Mairi NicIlleMhoire stiùiriche-ealain na Sgoile agus chaidh Fearghas Rothach agus Kit Rodman-Orr fhastadh mar luchd-taic agus luchd-aire. Nochd naidheachd le dealbh a thog Willie Urquhart de chompàirtichean na Sgoile ann am pàipear beag an Eilean Sgitheanaich an t-seachdain as dèidh làimh. Thathar an dùil gum bi an ath Sgoil a' gabhail àite eadar 7 agus 12 den luchair 2025. Lorgar tuilleadh fiosrachaidh agus foirm-iarrtais air loidhne air ar làrach-lìn aig feisean.org/ssd/

Meanbh-chuileag 2024 – Cà deach a' Chlach?
Às dèidh dhomh dithis chleasaichean le Gàidhlig fhastadh gus an turas lìbhrigeadh, chaidh latha leasachaidh le dreach den sgriobt a chumail le Claire Frances NicNìll agus Fearghas Rothach aig Tèatar Pheairt air Diluain 24 den Ògmhios.

Chuir mi crioch air dreach deireannach den sgriobt san Lùnastal. Rinn mi obair ullachaidh air coltas an t-seata, stuthan-taic agus an t-èideadh aig na caractaran sa mhios seo cuideachd. Thug mi stiùir do na cleasaichean thairis air ceitheir làithean-deasachaidh a chaidh a chumail eadar 28 agus 31 Lùnastal aig Eaglais Bhaile a' Chnuic, Inbhir Nis. Thòisich an turas air Diluain 2 Sultain agus mairidh e 15 latha, is i tighinn gu crioch air Dihaoine 20 Sultain ann an Eilean Thiriodh.

Tha an dealbh-chluich stèidhte air an sgeul mu Chlach Sgàin agus mar a chaidh a' chlach a 'saoradh' o Abaid Westminster ann an 1950. Thug mi taic do Eilidh NicCarmaig le na goireasan foghlaim a chruthaich i stèidhte air a' chuspair. Tha na goireasan seo rim faotainn air ar làrach-lìn agus chaidh ceangal don duilleag-lìn aig a' phròiseact a chur air adhart gu sgoiltean a ghabh pàirt san turas.

Thug mi taic do Eilidh NicCarmaig le brath-naidheachd a sgrìobh i mun dealbh-chluich.
A bharrachd air naidheachd mun dealbh-chliuch agus an turas air ar làrach-lìn, chaidh aithris naidheachd a chraoladh air BBC An Là agus aithris na maidne air BBC Radio nan Gàidheal air Diluain 2 Sultain. Chaidh an naidheachd seo fhoillseachadh air làrach-lìn aig BBC Naidheachdan agus air an duilleag Facebook aca cuideachd. Chaidh ar brath-naidheachd mun dealbh-chluich fhoillseachadh air an làrach-lìn agus duilleag Facebook aig The Herald agus sa Ross-shire Journal.

Sporan 2024 – O mo chlach!
Aig toiseach na Sultain, chuir mi crioch air planaichean son taisbeanadh eadar-obrachail do sgoilearean C5 – C7 a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Bha a' bhùth-obrach 'O mo chlach!' stèidhte air eachdraidh Clach Sgàin agus eadar 9 agus 13 den t-Sultain lìbhrig mi turas son ochd bun -sgoiltean ann an sgìre Earra-Ghàidheal 's Bhòid agus dà sgoil ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Mus do thòisich an turas thug mi taic do Eilidh NicCarmaig le goireasan foghlaim a dheasaich i a bha stèidhte air òran a chaidh a chleachdadh sa bhùth-obrach. Thug mi taic a bharrachd dhi le goireasan-sgoile eile ceangailte ris a' chuspair cuideachd. Tha na goireasan seo rim faighinn air an duilleag mu Sporan air ar làrach-lìn. Chaidh ceangal don duilleag seo a chur air adhart gus sgoiltean a ghabh pàirt san turas. Thug mi taic do Eilidh NicCarmaig leis an obair a rinn i ag ullachadh bhrath-naidheachd mun turas.

Panto Gàidhlig 2024
Meadhan na Sultain thòisich mi obair-sgrìobhaidh air dreach deireannach den sgriobt son panto na bliadhna seo. Anns an Ògmhios fhuair mi dearbhadh bho thriùir aig a bheil ùidh ann an obair mar chleasaichean san dealbh-chluich. Bidh an dealbh-chluich ag amas air clann-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eadar C2 agus C7 agus thathar an dùil an turas lìbhrigeadh leis 25 Samhain agus 6 Dùbhlachd do bhun-sgoiltean ann an sgìre Chomhairle Earra-Ghàidheal 's Bhòid agus sgoiltean anns na sgoiltean sna bailtean mòra ann an ceann a deas na dùthcha agus sgìrean eile sa Chrios Mheadhanach.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- **Coinneamhan:**
  Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis/ Luchd-obrach FnG – Coinneamhan an dràsta 's a-rithist (Zoom/Skype)
- Ghabh mi pàirt ann an coinneamh air loidhne de sgioba luchd-obrach air Dimairt 20 Lùnastal 2024 (Skype)
- Sgioba Fèisgoil – Thèid coinneamhan sgioba a chumail an dràsta 's a-rithist le Eilidh NicCoinnich is Eilidh NicCarmaig air Skype.
- Sreath-stiùiriche – Thèid coinneamhan aghaidh ri aghaidh no Skype a chur air dòigh ma bhios taic a dhìth.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir
- Tha clasaichean seachdaineil agus bùithtean-obrach Disathairne fhathast a' ruith le leth-cheud com-pàirtiche an sàs gach seachdain
- Chaidh a' phrìomh Fhèis air adhart aig Sgoil Fhàirr eadar 15 – 19 Iuchar le ceud com-pàirtiche. A-rithist bha tòrr thachartasan-coimhearsnachd ann mar phàirt den Fhèis

Fèis Chataibh
- Tha na clasaichean leantainneach fhathast a' ruith
- Chaidh a' phrìomh Fhèis air adhart eadar 1 – 5 Iuchar ann an Àrd-sgoil Ghoillspidh le com-pàirtichean a' tighinn bho air feadh Chataibh agus Rois an Ear
- Bidh buidhean bheag de chom-pàirtichean a' gabhail pàirt anns an deireadh-sheachdain còmhnaidh aig Fèis Spè anns an t-Samhain

Fèis a' Bhaile
- Bidh na clubaichean bogsa, feadain, fìdhle agus giotàir fhathast a' riuth gach mìos
- Às dèidh pròiseact pìleit soirbheachail, bidh leasanan clàrsaich a' ruith a-rithist an teirm seo
- Thèid a' phrìomh Fhèis air adhart san Dàmhair aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Fèis Inbhir Narainn
- Tha na clasaichean leantainneach a' ruith mar bu chòir as deidh seisean 'Thig is Cluich' aig deireadh an Lùnastal.

Fèis Obar Dheathain
- Tha na clasaichean seachdaineil agus an 'Srùbag' fhathast a' dol gach mìos
- Bidh an Fhèis a' lìbhrigeadh seisean no dhà do cloinn aig a' Mhòd Ionadail ùr ann an Obar Dheathain aig deireadh na Sultaine.

Fèis Spè
- Bha deagh latha aig còmhlain Fèis Spè ann an Dùn Èideann anns an Ògmhios nuair a' chluich iad aig an tachartas 'Trad Fest' aig SSPBT
- Bidh a' phrìomh Fhèis a' tachairt anns an Dàmhair ann an Ceann na Creige
- Tha an Fhèis gu math taingeil airson taic-airgid a fhuair iad bho Wildlands airson na prìomh Fèise
- Bidh Sandra NicAoidh a-nis a' dèanamh na h-obrach-rianachd airson na Fèise.
- Bidh deireadh-seachdain còmhnaidh ann aig Badaguish san t-Samhain agus tha an comataidh an dùil gum bi com-pàirtichean bho Fhèis Chataibh agus Fèis Arrain an làthair.

Fèis Ghallaibh
- Bidh Fèis Ghallaibh a' leantainn leis na làithean-Fèise aca thairis air teirm an fhoghair.

Fèis na h-Òige
- Tha mi fhathast a' toirt taic dha Fèis na h-Òige gus na planaichean airson an coimisean aca a chur an gnìomh. Tha na còisirean aca ag obair gu cruaidh ag ullachadh airson seinn aig a' Mhòd Nàiseanta.

Fèis a' Bhealaich

- Às dèidh coinneamh anns a' Chèitean, chaidh Fèis dà latha air adhart anns a' Chomraich aig deireadh an Lùnastail. Air a' chiad latha, thàinig na sgoilearan bho Shìldeig chun na Comraich a ghabhail pàirt ann an seiseanan-ciùil aig an sgoil agus thachair an dàrna latha aig an talla-choimhearsnachd. Cuideachd, bha cèilidh-theaghlaich ann air an oidhche Haoine.
- Tha comataidh ùr na Fèise airson rannsachadh a dhèanamh air na cothroman a th' ann airson leasanan feadain a thabhann san sgoil oir chan urrainn dha Highlife Highland leasanan-ciùil sam bith a thabhann san sgoil an-dràsta.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Cèilidhean air Chuairt

- Mar a bha sinn an dùil, thàinig com-pàirtichean bho Chèilidhean air Chuairt Fèis Lochabair agus Fèis Latharna còmhla airson seachdain-trèanaidh mus tèid iad air chuairt anns na sgìrean aca fhein. Chluich na buidhnean ann an tòrr diofar àitichean tron luchar agus An Lùnastal.
- Chaidh 'Monadh Ruadh', an còmhlan as sine aig Fèis Spè, air chuairt tro Bhàideanach agus Strath Spè anns a' chiad sheachdain den luchar
- Tha planaichean aig Fèis Phaislig agus Fèis Air an Oir airson na Cèilidhean air Chuairt aca a ruith a-rithist an ath-bhliadhna nuair a tha iad a' comharrachadh a' chinn-bhliadhna aca.

Colmcille

- Chuir sinn fàilte air buidhean de dheugairean Èireannach gu Eilean Leodhais anns an luchar mar pàirt den phròiseact iomlaid againn - Turas. Ghabh a' bhuidheann pàirt ann an raon de chur-seachadan cultarach agus bha iad air am bogadh ann an cànan is cultar na Gàidhlig. Bha cuairt air leth math aca a dh'aindeoin nan uairean siubhail fada aca airson faighinn ann.
- Tha mi-fhĭin is Calum an dòchas coinneachadh ri Freda agus Máire aig Ealaín na Gaeltachta a dh'aithghearr gus ullachadh a dhèanamh airson an ath phairt den phròiseact Turas.

Trèanadh

- Tha mi a' leantainn le obair còmhla-ri Aonghas agus Emily Dhòmhnallach, Oifigear Gàidhlig Eden Court airson cothroman a bharrachd a thoirt do chom-pàirtichean an Latha Trèanaidh Dràma
- Bha Cothrom Còmhraidh againn Diciadain 29 le Christine Ross bho Voluntary Groups Sutherland a' bruidhinn air clàradh agus riaghladh carthannais agus bha tòrr eòlais feumail aice air a' chuspair.
- Ro làithean-saora an t-samhraidh bha seisean trèanaidh air-loidhne againn dha oidean nam Fèisean.
- Tha mi air a bhith ann an conaltradh ri Sgioba Dìon Chloinne na Gàidhealtachd o chionn ghoirid a thaobh chothroman do luchd-teagaisg nam Fèisean trèanadh dìon chloinne a dhèanamh anns na mìosan a tha romhainn.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

- Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlais mar riochdaire nam Fèisean
- Thairis air an t-samhradh, bha mi an làthair aig The Gathering agus Fèis Belladrum gus cuideachadh le seiseanan ciùil 'Come & Try' ann an com-pàirteachas le Caraidean Ceòl na Gàidhealtachd.

Ainm	Abi NicIlleRuaidh
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis an Iar Dheas
Bha Latha Fèise aig Fèis an Iar Dheas air an 8mh dhen Ògmhios agus chaidh fìor mhath. Bha Emily Smith, Jamie McLennan, Leona Mason, Oliver Rigg, Clare Mann, David Bass, Dora Carter agus Stuart MacPherson a' teagasg air an latha agus tha an comataidh a' sireadh fios air ais an-dràsta.

Fèis an Tairbeirt
Tha Fèis an Tairbeirt a' ruith dà latha tron t-Sultain airson luchd-tòiseachaidh air an 7mh agus an 21mh le taic bho Eilidh's Trust. Chaidh an 7mh fìor mhath agus bha 10 ann sa mhadainn airson 'thig is feuch' agus bha 9 com-pàirtichean Treòir ann feasgar airson clasaichean aghaidh ri aghaidh leis na h-oidean aca. Bha Alicia Chapple, Niamh MacKaveney, Mark McSporran agus Ryan McGlynn ann mar oidean. Bidh na 12 com-pàirtichean Treòir eile faighinn na clasaichean aca air an 21mh.

Fèis Arainn
